

## CRUTHAICH EARRA-GHÀIDHEAL

### GAIRM FHOSGAILTE

#### FACAL-TÒISICH


Is e a th' ann an Cruthaich Earra-Ghàidheal sgeama dhuaisean stèidhichte air àite do dh'fhileantaich - Gàidheil fhèin agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig - ag amas air raon farsaing de dhòighean-làimhseachaidh gus saothair ùr chruthachail an lùib cànan is dualchas na Gàidhlig a leasachadh a chur air chomas. Le taic bho [Bhòrd na Gàidhlig](#), [CHARTS](#) agus bho [Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid](#), bidh an sgeama dhuaisean seo a' tairgse dusan duais uile-gu-lèir: 3 duaisean de £1000 an urra thairis air a h-uile gin de na ceithir sgìrean-comhairle ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Tha an sgeama dhuaisean seo stèidhichte air modal nàiseanta dhuaisean a bh' ann roimhe, [Duais Dìleab Chaluim Chille](#), a chaidh a chur air bhonn le CHARTS, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ri linn a' ghalair mhòir-sgaoilte. Tha Cruthaich Earra-Ghàidheal a-nis a' cur air chomas tasgadh ann an leasachadh air saothair ùr le luchd-ealain is luchd-dualchais air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid gus aire tharraing air cuideam cànan is dualchas na Gàidhlig air feadh na roinne.

#### Cò dha a tha Cruthaich Earra-Ghàidheal?

Seach gu bheil an sgeama dhuaisean seo a' buntainn gu lèir ri brìgh na Gàidhlig, tha e ag amas mar sin air aire Ghàidheil no luchd-ionnsachaidh fhileanta na Gàidhlig a tha nan luchd-ealain no luchd-dualchais a' fuireach ann an Earra-Ghàidheal, agus a tha an t-saothair chruthachail aca stèidhichte air brìgh suidheachadh, cànan agus/no dualchas na Gàidhlig. Faodaidh daoine fa leth, com-pàirteachasan no buidhnean iarrtas a chur a-steach.

Tha duaisean ag amas air taic a chur ri farsaingeachd de dh'ealainean brìoghmhor thairis air raon mheadhanan, agus faodaidh iarrtasan molaidhean a chur a-steach mar thaic ri leasachadh air obair ùr no cur ri obair a th' ann mar-thà le mìneachadh




follaiseach carson , a’ sònrachadh cuideam na Gàidhlig a rèir Àite ann an Earra-Ghàidheal.

Cuiridh CHARTS Clàr-taisbeanadh air an làraich-lìn aca airson Cruthaich Earra-Ghàidheal, a’ toirt dealbh de shaothair luchd-buannachaidh agus amasan a’ phròiseict, a chuidicheas gus cruth a chur air taic ri leasachadh san ùine air thoiseach.

### **Na tha sinn ag iarraidh:**

Tha sinn an dùil gun rachadh saothair sam bith a chaidh a chruthachadh mar thoradh air duaisean a bhuilicheadh a bhith air a tarraing a-mach eadar an t-Ògmhios is an t-Samhain 2026. Gabhaidh sinn beachd air iarrtasan a tha stèidhichte air na leanas:

- Toraidhean gus toraidhean so-bheantainneach a nochdadh a ghabhas crìochnachadh ro dheireadh na Samhna 2026.
- Faodaidh seo a bhith mar shaothair ùr no obair a tha a’ dol air adhart mar-thà, ann an riochd sam bith de na h-ealainean brioghmhor.
- Cleachdadh dreuchdail: thathar a’ toirt cuireadh do luchd-ealain is luchd-dùthchais dreuchdail iarrtas a dhèanamh.
- Pròiseactan coimhearsnachd: tha sinn mothachail nach eil an t-sùim iomlan de dhruisean a thathar a’ tairgse mòr gu leòr gus pròiseact iomlan a’ dèanamh ceangal ris a’ choimhearsnachd a leasachadh. Uime seo, tha sinn a’ brosnachadh neach sam bith aig a bheil ùidh beachd a ghabhail air mar a dh’fhaodas ar cuid dhruisean cur ri pròiseact le co-mhaoineachadh. Mar eisimpleir, a bheil thu a’ fuireach ann am Baile Eilidh is Laomainn, agus an dèanadh tu iarrtas gus rudeigin a chruthachadh don Taigh-tasgaidh air a’ Bhlàr A-muigh, no am biodh tu am beachd iarrtas a chur gu Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba no buidhnean eile airson taic a bharrachd ri ceangal ris a’ choimhearsnachd? Ùidh agad? Mas e ’s gu bheil, feumaidh tu am





fiosrachadh slàn a chur ris an iarrtas agad, agus dearbhadh air co-mhaoineachadh sam bith ann am prionnsapal.


- Faodaidh an duais seo taic a chur cuideachd ri cruthachadh obair ùr do thachartasan poblach no leasachadh bheachdan do thachartasan/do bhuidhnean-obrach/do thaisbeanaidhean air an Lìon san àm air thoiseach.
- Aithisg Gheàrr aig Deireadh a' Phròiseict: nuair a bhios luchd-buannachaidh air an t-saothair aca thoirt gu crìch, iarraidh sinn fiosrachadh air mar a chaidh dhan phròiseact, iomraidhean, iomhaighean agus beachdan, a chuideachadh gus cruth a chur air leasachadh is taic leanmhainneach ri luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ag obair sna gnìomhachasan cruthachail is dùthchasach.

### **Dè an seòrsa obrach a tha seo a' cuideachadh?**

- Ealain lèirsinneach, a' gabhail a-steach ealain àrainneachd, film agus stàladh.
- Ceòl, a' gabhail a-steach sgrìobhadh ùr agus seinn.
- Facal sgrìobhte, a' gabhail a-steach bàrdachd, sgrìobtaichean, agus sgeulachdan goirid.
- Obair is rannsachadh air an dualchas.
- Taisbeantas, tèatar, danrsa.
- Ciùird.
- Meadhanan didseatach, a' gabhail a-steach pod-chraolaidhean agus geamannan.

### **Am faodar beachd a ghabhail air pròiseactan is maoinachadh air an dearbhadh mar-thà?**

Faodaidh Cruthaich Earra-Ghàidheal taic a chur ri pròiseactan far a bheil co-mhaoineachadh air a bharantachadh. Faodar seo, mar eisimpleir, a bhith ann gus cothroman air ceanglaichean do dhaoine fa leth no do bhuidhnean a leudachadh no gus pròiseactan air an crìochnachadh a luachadh.






## FIOSRACHADH BUNAITEACH MU DHEIDHINN TAGRADH

- **Liosta làn iarrtais**

Faicibh na sgrìobhainnean bunaiteach gu lèir a tha a dhith gus iarrtas a dhèanamh [an seo](#).

- [Foirm-iarrtais](#). Faodar iarrtasan a thoirt seachad sa Ghàidhlig no sa Bheurla.
  - [Foirm Dearcnachaidh Cho-ionannachd](#). Cuiribh seo air ais gu [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org) fon chuspair Gairm Chruthaich Earra-Ghàidheal. Tha an fhoirm seo gun urra, thèid a giullachadh fa leth, agus chan eil i a' toirt buaidh air an iarrtas agad.
  - Leth-bhreac den CV agad, gun a bhith nas fhaide na 2 dhuilleig A4, le meud a' chlà aig ìre 12 air a' char as lugha dheth.
  - Ìomhaighean de shaothair gu ruige seo. Faodar suas ri 4 ìomhaighean no suas ri 3 mionaidean de dh'fhilm no de dh'fhaidhlichean-fuaime chur a-steach mar cheanglaichean am broinn fhoirmean-iarrtais no fa leth.
  - Ma bhios i na cuideachadh, litir-chòmhdach.
- Thoiribh fa-near ma thathar a' dèanamh iarrtas às leth buidhne gum bu chòir CV a' phrìomh thagraiche agus litir a' toirt giorrachadh air a' bhuidhinn (mura bheil a' bhuidheann na ball de CHARTS mar-thà) a chur a-steach.
  - Faodaidh neach sam bith aig a bheil ùidh iarrtas a dhèanamh fios a chur gu [Stiùiriche-gnìomha](#) CHARTS ro làimh le ceistean sam bith agus/no gus coinneamh ghoirid bus ri bus air an Lìon iarraidh. Thoirbh fa-near gum bu chòir iarrtasan a dhèanamh sa Bheurla, agus co-dhiù aon seachdain a thoirt gus coinneamh a chur air dòigh.
  - Nochdaidh làrach-lìn CHARTS Ceistean Cumanta ceangailte ris an sgeama seo.



## Mar a chuireas tu an t-iarrtas agad a-steach

Cuiribh an t-iarrtas slàn agad tro phost-dealain gu [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org).

**Feuch** an cuir thu fon chuspair **Cruthaich Earra-Ghàidheal** e, le d' ainm no do chiad-litrichean.

## Ceann-là Deireannach airson Iarrtasan 5f, 22 Cèitean

Thoiribh fa-near nach tèid beachd a ghabhail air iarrtasan fadalach.

Thèid a' Bhuidheann-taghaidh a chumail anns an Ògmhios.

Conaltradh/toradh: thèid fios a chur don luchd-thagraidh air fad ro dheireadh an Ògmhios 2026.

## Fiosrachadh bunaiteach eile:

Tha dùil againn ri ùidh nach beag ann an sgeama seo nan duaisean agus tha sinn a' faighinn ìre is meudachadh àrd is àrd de dh'iarrtasan airson duaisean agus cothroman air coimiseanadh, barrachd na ghabhas maoineachadh aig an aon àm seo. Le modhan-obrach gu math teann an sàs don bhuidhinn-taghaidh agus dòighean a thaobh ìrean ceangailte ri amasan is slatan-tomhais nan duaisean, bidh co-dhùnidhean buidheann-taghaidh Chruthaich Earra-Ghàidheal crìochnaichte, agus cha tèid beachd a ghabhail air ath-thagraidhean.

## Airson barrachd fiosrachaidh sam bith, faicibh:

<https://www.chartsargyllandisles.org/opportunities/cruthaich-earra-ghaidheal/>

far a bheil Ceistean Bitheanta agus/neo cuiribh fios gu

[info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org).

Faicibh [Privacy Notice](#) CHARTS.

